

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Faoilleach 2018 / January 2018

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Chaill sinn sàr Ghàidheal gu h-obann Diardaoin an 4 latha den Fhaoilleach agus 's e buile uamhasach a th' ann am bàs Iain MhicLeòid aig 66 bliadhna a dh'aois. Bi ionndrainn mhòr air a chuid dìchill agus dealas ann an saoghal na Gàidhlig.

'S ann dhan dlùth theaghlach a th' air am fàgail a tha ar prìomh smaointinn agus co-fhaireachadh an toiseach is a bhantrach Cairistiona, a mhac Calum, agus a nighean Màiri is a cèile Kevin, agus peathraichean Iain is an cuid teaghlaichean uile, a' feuchainn ri cothachadh ris a chall duilich seo nam measg. Tha sinn a' guidhe neart agus furtachd dhaibh.

Bha Iain a' cur taic ri leasachadh na Gàidhlig fad iomadh bliadhna ach bho leig e dheth a dhreuchd ann am poileas Lodain is nan Crìochan ann an 2000 chaidh a chuid obrach às leth a' chàinain am meud gu mòr. Am measg iomadh iomairt eile bha Iain na Chathraiche air Comunn nam Pàrant, na bhall air bòrd Chomunn na Gàidhlig, na bhall air Bòrd na Gàidhlig, agus air bòrd a' Chomuinn Ghàidhealaich far an tug e cuideachd deich bliadhna mar Cheann-suidhe. Nuair a leig Iain sin dheth aig Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn toiseach 2017, thuirt e gu robh an dreuchd air a bhith na urram mhòr dha agus bha e moiteil gun robh "an Comunn a-nis ann an suidheachadh làidir ann a bhith a' leasachadh cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig."

Às leth a' Chomuinn Ghàidhealaich bu mhath leamsa daingneachadh às ùr cho uasal 's a tha sinne as na rinn Iain dhan bhuidheann seo agus dhan Ghàidhlig san fharsaingeachd. Bha sinn air leth moiteil gun deach aithne phoblach a thoirt dha mòr-shaothair Iain nuair a bhuilich Sabhal Mòr Ostaig urram Sàr Ghàidheal air aig ceumnachadh bhliadhnail na colaiste san fhoghar 2017.

Dhomh fhìn b' e urram a bh' ann eòlas fhaotainn air Iain thar faisg air còig bliadhna fichead, agus tha mi a' guidhe sìth mhaireann dha ceatharnach!

Ailean Caimbeul, Ceann-suidhe



Message from the President

We lost a true Gael very suddenly on Thursday 4th January, and the death of John MacLeod, at just 66 years of age, is an enormous blow. His diligence and commitment to the Gaelic language and culture will be greatly missed.

However our first thoughts and condolences are with the close family which is left behind and where his widow Christine, son Calum, daughter Mairi and her husband Kevin, and John's sisters and all their families, must attempt to adjust to this tragic loss in their midst. We wish them strength and solace.

John was an active supporter of Gaelic over many years, but when he retired from his post with Lothian and Borders Police in 2000 his involvement with Gaelic development increased dramatically. Among the many initiatives in which he engaged John was also Chairman of the National Gaelic Parents Association, a board member of Comunn na Gàidhlig, a member of Bòrd na Gàidhlig, and a board member of An Comunn Gàidhealach where he also served as President for ten years. When John stood down from that position at An Comunn Gàidhealach's Annual General Meeting in early 2017 he described his term of office as an honour, and he said he was proud that the organisation was "in a strong position to support the development of our wonderful language; music and culture in the years to come."

On behalf of An Comunn Gàidhealach I wish to re-state our appreciation and thanks for all that John did for this organisation and for Gaelic in general. We were immensely proud that his enormous commitment was publicly acknowledged when he was awarded the honour of Sàr Ghàidheal (True Gael) at Sabhal Mòr Ostaig's annual graduation ceremony in autumn 2017.

For me personally it was a privilege to have known John over nearly the past twenty five years, I wish eternal peace to a champion!

Allan Campbell, President



A' Cuimhneachadh ar Sàr Charaid

Tha bàs Iain MhicLeòid air bualadh air cridhe mòran dhaoine air feadh na dùthcha. Tha an àireamh de theachdaireachdan a tha air nochdadh anns na meadhanan agus air na meadhanan sòisealta bho chionn ghoidid a' sealltainn an spèis a bh' aig daoine dha Iain. Chìthear gu h-ìosal cuid de na teachdaireachdan sin:

"Bha e socair ach neartmhor na dhòigh, agus èifeachdach thairis air iomadh raon ann a bhith ag adhartachadh na cànan - air an robh meas mòr aige - airson nan ginealach a bha tighinn às a dhèidh."
(Ailean Dòmhnallach, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig)

"Thog Iain a ghuth gu tric agus gu h-èifeachdach iomadach turas a bha na meadhanan Gàidhlig feumach air taic." (MG Alba)

"Mar fhear-cathrach thug e seachad tòrr taic, comhairle, brosnachaidh, agus misneachd dhan Mhòd Ionadail againn. Gu seachd àraid, thug e cùl-taic agus mòran tìde cuideachd as leth cluicheadairean òga na clàrsaich, 's e 'na cheann-suidhe air na farpaisean aca airson iomadach bliadhna."
(Comataidh Mòd Ionadail Dhùn Èideann)

Beachdan àlainn agus uile cho fìor. Gu dearbh, bha e an sàs ann an iomadach buidhean agus comataidh, ach 'b e an seòrsa duine a bh' ann an Iain a dh' fhàg an seòrsa de bhuaidh seo air daoine agus 's e cùis moit a tha sin dhan teaghlach aige.

Bha mòran an làthair aig an taigh-fhaire agus aig seirbheis an tiodhlacaidh aige air Dihaoine 19 Faoilleach, ann an Eaglais Shaor Chàrlabhaigh. Ged a bha an tìde cho dona, thàinig daoine bho gach ceàrnach airson a bhith ann. Bha seo fhèin ag innse an càirdeas a bh' aige ri daoine agus cho measail 's a bha iad air. Chruinnich càirdean, co-obraichean agus caraidean còmhla airson urram a shealltainn do fìor Ghàidheal agus duine uasal, iorasail.

Tha sinn uile aig A' Chomunn Gàidhealach fada an comain na rinn e airson a' bhuidhean thairis air na bliadhnaichean agus dha rìreabh, dhan Ghàidhlig, a bha cho mòr na chridhe. Ionndrainnidh sinn an stiùir agus a chomhairle a thug e dhuinn. Mar cho-obraiche bha e cho gasda, cuideachail agus taiceil na phearsa, ach ionndrainnidh sinn cuideachd e mar fìor charaid chòir.

Tha sinn a' cuimhneachadh air Cairistiona, Màiri agus Calum anns na làithean duilich seo.



Remembering a Dear Friend

The passing of John Macleod has touched so many people across the country and beyond. The numerous tributes and messages which appeared in the press and on social media alone in recent weeks is testimony to how highly thought of John was. Below are a few examples of the tributes that have been made:

"He was calm but strong in his ways and effective in his efforts of trying to further the language - for which he had a great passion for - for the generations to come."

Allan Macdonald, Chairman, Bòrd na Gàidhlig)

"John spoke up effectively on many an occasion when Gaelic media was in need of support." (MG Alba)

"As Chairperson, he gave great support, advice, encouragement and confidence to our Local Mod. In particular, he dedicated much of his time supporting young clàrsach players and was president of their competitions for many years."

(Edinburgh Local Mod Committee)

Of course, he was involved in many different groups and organisations, but it was his character that touched so many people. Of that his family should be very proud.

Despite the extremely difficult weather conditions, many travelled from far afield to attend the funeral service on Friday the 19th of January. The large gathering in the Free Church in Carloway, at both the wake and the funeral service, was a clear indication of how highly regarded Iain was. Family, friends, colleagues and peers gathered to pay their last respects to a true Gael and gentleman.

We at An Comunn Gàidhealach are indebted to the work and dedication Iain gave to the organisation over the years and indeed to the Gaelic language, which held such a dear place in his heart.

We will miss his wise counsel as a colleague, who was so kind, supportive and encouraging, but also as a dear friend.

We continue to think of Christine, Mairi and Calum as they deal with their loss.



Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Mòd 2021- 8 -16 Dàmhair 2021 (TBC)

Mòd 2022 - 14-22 Dàmhair 2022 (TBC)



Pìosan Ainmichte Mòd 2018

Gheibhear foidhlichean pìosan ainmichte Mòd 2018 rin ceannach [an seo](#).

Tha leabhraichean agus Cds nam pìosan ainmichte cuideachd ri ceannach bho na h-oifisean againn ann an Inbhir Nis agus Steòrnabhagh.

Mòd 2018 Music

Prescribed Pieces for Mòd 2018 are available to download [here](#).

Alternatively you can buy the music books and cds from our offices in Inverness and Stornoway.

Aigeallan Airgid 2018

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraichte.

Airson 2018 's e 'tàladh' cuspair an òran do dh'farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus 's e 'òran-seilge' cuspair an òran do dh'farpaisich ann an A253 (Fireannaich).

Silver pendant qualifying 2018

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually.

For 2018, the theme for A252 (Ladies) is 'lullaby' and for A253 (Men) 'hunting song'

Ceann-latha airson Cairtean Gàidhlig Mòd 2018

Bithibh mothachail gum feumar Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtas a' Mhòid.

Ma tha sibh airson latha measaidh a chur air dòigh no ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na measaidhean, cuiribh fios gu Seonag Anderson: seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

Deadline for Mòd 2018 Gaelic Assessment Cards

Please note that all competitors requiring Gaelic Assessment will have to gain their card before the Mod entry deadline.

If you are not sure if you need a Gaelic Assessment and would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic Assessments, please contact Seonag Anderson at seonag@ancomunn.co.uk or phone 01463 709 705.

www.ancomunn.co.uk



Royal National Mòd



royalnationalmod



@NationalMod



nationalmod

Bliadhna na h-Òigridh 2018

Bha sinn ann an Dùn Èideann bho chionn ghoidid airson
bùth-obrach Bliadhna na h-Òigridh.

Tha tòrr rudan sònraichte gu bhith a' tachairt am bliadhna 's tha
An Comunn Gàidhealach toilichte a bhith an lùib tachartasan a tha
san amharc am bliadhna a bhios a' cruthachadh chothroman do ar
n-òigridh

Year of Young People 2018

We were in Edinburgh recently for a Year of Young People Event
Workshop. There are lots of exciting projects and events
happening this year and An Comunn Gàidhealach are delighted to
be a part of it and to be engaging with our young folk.

Check out

www.visitscotland.com/yoyp2017

for more information on the different events taking place
throughout the year.



year of young people
bliadhna na h-òigridh
2018



Mòd Ionadail Lochabar 11 agus an 12 den Chèitean 2018. moirarobertson15@gmail.com	Lochaber Provincial Mod 11 and 12 May 2018. moirarobertson15@gmail.com
Mòd Ionadail Sgìre an Òbain Dihaoine 1 agus Disathairne 2 den t-Ògmhios. sometimeessnoozie@hotmail.com	Oban Provincial Mod Friday 1 and Saturday 2 June. sometimeessnoozie@hotmail.com
An t-Eilean Sgitheanach 30 Cèitean - 2 Ògmhios 2018 maireadnicolson@btinternet.com	Skye Provincial Mod 30 May - 2 June 2018 maireadnicolson@btinternet.com
Mòd na Hearadh 31 Cèitean - 1 Ògmhios 2018	Harris Provincial Mod 31 May - 1 June 2018
Mòd Ionadail Leòdhais 5mh - 8mh den t-Ògmhios 2018. peigi@ancomunn.co.uk	Lewis Provincial Mod 5 - 8 of June 2018. peigi@ancomunn.co.uk
Mòd Ionadail Gallaibh is Cataibh Disathairne 2 Ògmhios 2018 Thèid Mòd na bliadhna seo a chumail anns am Blàdhran Odhar.	Caithness & Sutherland Provincial Mod Saturday 2 June 2018 This year's Mod will take place in Bettyhill.
Mòd Ionadail Obar Pheallaidh 8 & 9 Ògmhios 2018 pad.gaelicmod@gmail.com	Aberfeldy Provincial Mod 8 & 9 June 2018 pad.gaelicmod@gmail.com
Mòd Ionadail Àird nam Murchan 15 den t-Ògmhios 2018. telden@btinternet.com	Ardnamurchan Provincial Mod 15 of June 2018. telden@btinternet.com



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Mòd Ionadail Inbhir Nis

15 & 16 den t-Ògmhios 2018

secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Inverness Provincial Mod

15 & 16 of June 2018

secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Mòd Ionadail Ìle

Disathairne 23 den t-Ògmhios 2018

alisongrayislay@aol.co.uk

Islay Provincial Mod

Saturday 23 of June 2018

alisongrayislay@aol.co.uk

Mòd Ionadach na Dreòlluinn

7 agus an 8 den t-Sultain 2018

enquiries@mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

7 and 8 of September 2018

enquiries@mullmod.org.uk



Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018

Earrannan Ainmichte | Prescribed Pieces

Beul-aithris-Fileantaich
Orals-Fluent

C22	Ma thachras tu...
C22A(i)	Tractar Buidhe le Rothan Dubh'
C22A(ii)	Trom-Laighe
C42(i)	A' Ghealach
C42(ii)	Chuir iad ann am bothan mi
C42A(i)	Duan an Dannsair
C42A(ii)	Lag nan Cruachan
C92	Còmhdhail
C142	An roghainn fhèin



Beul-aithris-Luchd-ionnsachaidh
Orals-Learners

C26	Na Brògan Ùra
C26A	Tic Toc Ars' an Cloc
C49	Beul na h-Oidhche
C49A	Dithean Sheòrais
C100	Anns a' Mhonadh

Beul-aithris-Fosgailte
Orals-Open

C150	An roghainn fhèin
------	-------------------

Òrain na cloinne-Fileantaich
Solos-Fluent

C23	Am bodach 's an rocaid
C23A(i)	A' phiseag amaideach
C23A(ii)	Ràith a' gheamhraidh
C44(i)	Cha b' ann ri gual a gharainn thu
C44(ii)	B' e gairbhe na gaoithe
C44A(i)	An gille dubh cha tràig mi
C44A(ii)	Gille an fhèilidh
C45	Muile nam mòr-bheann
C45A	Mo chùlaibh ris a' bhaile seo
C95	Dòmhnall nan Dòmhnall
C96	O till, a leannain

Òrain na cloinne-Luchd-ionnsachaidh
Solos-Learners

C27	Tha Dadaidh ag obair
-----	----------------------



C27A	A bhanarach chaoin
C51	Am faca tu 'n gobha?
C51A	Cumha nan iasgairean
C52	Iain, a luaidh, nach pòs thu?
C52A	Thogainn fonn air lorg an fhèidh
C102	Mo ghaol air Marcas Latharna
C103	Marbhphaisg air an òige



Òrain na cloinne-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
Solos-Fluent & Learners

C155	An roghainn fhèin
C156	An roghainn fhèin

Òrain Chòisirean-Fileantaich
Choral-Fluent

C71	'S toigh leam cruinneag dhonn nam bò (An roghainn fhèin)
C72	Òran na maighdinn-mhara (An roghainn fhèin)
C73	Siùdaibh 'illeann, gabhaidh 'm port Fear a bhios fada gun phòsadh

Òrain Chòisirean-Luchd-ionnsachaidh
Choral-Learners

C03	Hò rò hò-ù mo nigh'n donn (An roghainn fhèin)
C76	Air an tràigh (An roghainn fhèin)
C77	Bidh Clann Ulaidh (An roghainn fhèin)
C78	Seice Ruairidh Tha mi dol a dhèanamh banais
C173	Eilean beag donn a' chuain (An roghainn fhèin)
C174	Cùm ur n-aire (An roghainn fhèin)
C175	Ille chrùbaich anns a' ghleann 'S grin a' chaileag Màiri Anna

Òrain Chòisirean-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
Choral-Fluent & Learners

C110	Ma thèid mise tuilleadh (An roghainn fhèin)
C111	Am buachaille bàn (An roghainn fhèin)



C112 Bhon chuir mo leannan cùlaibh rium
 Dh'fhalbhainn sgiobalta
 Ruidhleadh mo nighean donn



Earrann nan inbheach
Senior Section

Rian air òrain
 Musical arrangements

L409 An roghainn fhèin
 L409 An roghainn fhèin

Beul-aithris
 Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Orals - Fluent & Learners

A204 An roghainn fhèin - Bàrdachd a' Chiad Chogaidh
 A205 An roghainn fhèin – A' Chiad Chogadh

Òrain aon neach-Fileantaich
 Solos-Fluent

A220 An roghainn fhèin
 A221 An roghainn fhèin
 A222 Fuadhach nan Gàidheal
 A223 Cumha Coire Cheathaich
 GSL224 Òran Cladaich
 GSM224 Tuireadh
 A234 An sporan falamh

Òrain aon neach-Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Learners

A250 A' chuairt-shamhraidh
 A251 Ho ro 's toigh leam fhìn thu
 SSL254 Bràigh Ùige
 SSM254 Long mo bhrudair

Òrain aon neach-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Fluent & Learners

A271 Eilean Idhe
 A272 An roghainn fhèin



Òrain Chòisirean
Choral



- A300 Siubhal a' Choire
(Lorn Shield)
- A301 Taigh an Uillt
(Lovat & Tullibardine)
- A302 An t-Iarla Diùrach
(Margrat Duncan)
- A303 Maraiche nan Cuntan
(Sheriff MacMaster)
- A304 Cumha Cruachain
(Ladies)
- A305 Gheibhinn cadal math
(Ladies)
- A306 Siud mar chaidh an càl a dholaidh
Bat' an tàilleir
Ciobairean Taobh Loch Odha
(Puirt)
- A307 Don Stiùbhard air dha bhith fàgail a' 'Fusilier'
(Male)
- A308 Mo chuilean mìn
A chaile dhubh a' sgùlair
Gu dè thug dhan bhaile seo thu?
(Puirt)
- A309 An roghainn fhèin



Comunn na Clàrsaich

(The Clarsach Society)



Clarsach Competitions Test Pieces

ROYAL NATIONAL MOD

Dùn Omhain

2018

Co-fharpaisèan Clàrsaich – Clarsach competitions

Junior Competitions (under 18 years)

Solo singing with self-accompaniment –

B320: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed **5 mins.**

Solo playing – Introductory class for beginners (Up to Grade 1)*

B321: Own choice instrumental piece of Gaelic music.

Solo playing – Elementary (Grade 1)*

B322: a) Caisteal a' Ghlinne *Arr. Elinor Evans*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate 1 (Grade 2-3)*

B323: a) Sine Bhàn *Arr. Margaret Collin*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate 2 (Grade 3-4)*

B323A: a) Caidil mo ghaoil *Arr. Pippa Reid Foster*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Advanced (Grade 5)*

B324: a) Clachan Ghlinn da Ruaidheil *Arr. Màiri Macleod*
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **4 mins.**

Clarsach duet – under 13 yrs

B330: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed **5 mins.**

Clarsach duet – 13 to 18 yrs

B330A: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed **5 mins.**

Recital Class – Grade 6 and above

B332: Open to **any players** of gut and/or wire harp. A well balanced **10 minute** programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic, or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

* Refers to RCS Scottish Traditional Music Exam syllabus. Own choice pieces should be of a comparable standard to those set in this syllabus.

Senior Competitions (18 years and over)

Solo playing – Elementary

- B325:** a) Theid, 's gun d'theid mi thairis *Arr. C Brown*
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate/Advanced

- B326:** a) Deirdre a'Fagail na h-Albann *Arr. Isobel Mieras*
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed **3 mins.**

Solo singing with self-accompaniment –

- B327:** Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed **5 mins.**

Clarsach duet –

- B333:** Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music.
Not to exceed **5 mins**

Open Competitions

Composition class –

- B329:** An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for
a) solo clarsach in the style of a slow air, pipe march, strathspey, jig, reel or a set of tunes, or
b) voice and clarsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer.

A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office. The quality of the composition will be judged - not the performance. Manuscripts are not required.

Clarsach ensemble –

- B331:** Any number of instruments or voices but to include no fewer than 3 clarsachs. Own choice of Gaelic music. Not to exceed **6 mins. No marks will be given for this class. The adjudicator(s) will give an appreciation of each performance and announce the winners.**





An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Pàiseanta Rìoghail

The Royal National Mòd

2018 MÒD DHÙN OMHAINN 12-20 DÀMHAIR

DUNOON 12-20 OCTOBER

2019 MÒD GHLASCHU 11-19 DÀMHAIR

GLASGOW 11-19 OCTOBER

2020 MÒD INBHIR NIS 9-17 DÀMHAIR

INVERNESS 9-17 OCTOBER

Na Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

LEÒDHAS LEWIS

NA HEARADH HARRIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

SRUIGHLEA STIRLING

GLASCHU GLASGOW

CILLE BHRÌDHE AN EAR EAST KILBRIDE

INBHIR NIS INVERNESS

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

ÌLE ISLAY

AN T-ÒBAN OBAN

UIBHIST UIST

NA DREÒLLUINN MULL

LOCH ABAR LOCHABER

BARRAIGH IS BHATARSÀIGH BARRA

SIORRACHD PHEAIRT IS AONGHAIS PERTHSHIRE & ANGUS

For Provincial Mòd dates and more go online:
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282



Facal bho Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain

Tha Comataidh Ionadail Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo, a thèid a chumail ann an Dùn Omhain eadar an 12mh agus an 20mh den Dàmhair, air a bhith ag obair cruaidh thairis air na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad ag ullachadh airson an tachartais.

Am measg nan dleasan againn, tha sinn air a bhith a' toirt taic le bhith a' cur air dòigh tachartasan eadar-dhealaichte airson airgead a thogail. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le bhith a' sanasachd an tachartas agus ag ullachadh cèilidhean gu h-ionadail.

Tha sinn air measgachadh de thachartasan a chur air dòigh airson airgead a thogail agus cuideachd airson baile Dhùn Omhain a thaisbeanadh mar baile air leth freagarrach airson an tachartas seo a chumail agus airson dèanamh cinnteach gun còrd am Mòd ri gach neach a thig gu tachartas na bliadhna seo.

Tha Bùth a' Mhòid againn cuideachd a tha air a ruith gu saor-thoileach, far am bheil measgachadh de rudan rin ceannachd.

Thairis air na mìosan a chaidh seachad, tha sinn air a bhith trang ag ullachadh tachartasan eadar-dhealaichte gus airgid a thogail. Tha sinn cuideachd air a bhith ag obair le buidhnean ionadail gus coimhead ri ciomar a thèid am baile a sgeadachadh le soidhnichean, agus mar sin air adhart, seachdain a' Mhòid fhèin.

Tha coinneamhan air an cur air dòigh le Comhairle Earra-ghàidheal is Bhòid, am Poileas agus mar sin air adhart, gus dèanamh cinnteach gum bidh com-pàirteachas eadar gach buidhean a bhios an lùib an tachartas, gus dèanamh cinnteach gum bidh tachartas soirbheachail againn.

Bidh sinn a' coimhead a-nis ris na dleasan a bhios oirnn thairis air seachdain a' Mhòid fhèin, a thaobh na tallaichean, còmhdailean, àite-fuirich, na tachartasan eadar-dhealaichte agus na bhios nan lùib, margaidheachd agus a' dèanamh cinnteach gum bidh gach neach agus buidhean ag obair còmhla mar bu chòir.

Tha ionmhas agus maoinachadh gu mòr air aire an comataidh agus na fo-chomataidhean.

Thèid an ath tachartas a bhios againn a chumail air an 3mh den Mhàrt, 's e sin cèilidh is dannsa le Gunna Sound.

Angela Johnson, Comataidh Ionadail Mòd 2018

A Message from the Dunoon Local Mod Committee

The Local Organising Committee for the Royal National Mod due to be held in Dunoon between the 12th and 20th of October 2018 have been working hard over recent years to make preparations for the event. Duties have included assisting with organising fundraising activities, the promotion of the event and preparations required for the local organisation's Ceilidhs. A multiplicity of fund raising activities have been organised to assist with promoting the town of Dunoon as an ideal venue to host this national event and to ensure that all who will visit and compete will have an enjoyable experience whilst in Dunoon.

A Mod charity shop has been set up locally with volunteers supportive and active in ensuring that the shop is staffed and well stocked with saleable goods and merchandise for the public.

In recent months the focus of the LOC has been with ensuring that the appropriate organisation is in place to assist with the local fund raising, working with local interest groups and individuals and ensuring that presenting the town in terms of decorations and signage will be in place in time for Mod week. Meetings have been arranged with Argyll and Bute Council, Police Scotland to assist with their understanding of what is required from them as part of the strong partnership between An Comunn, and the LOC to ensure that the event goes well and smoothly with an enjoyable experience being created for all visitors and competitors.

The focus and attention of the LOC will now move to all the requirements of Mod week from venue configurations, transport advice and arrangements, the specific activities and their requirements for marketing and promotion and with ensuring that good and regular communication exists for all the key participants.

Sponsorship and fund raising as always is a key consideration and this has the clear attention of the committee/sub-committee members.

Our next fundraising event will be a Ceilidh dance featuring Gunna Sound on 3rd March.

Angela Johnson, Mod 2018 Local Organising Committee.

DUNOON MÒD 2018 DANCE to Gunnasound at

Masonic Hall, Argyll St., Dunoon
Saturday 3rd March 2018
8.30pm till midnight

Ticket £10

Fundraiser for  MÒD 18 Dunoon
Sponsored by W.E.F. (Floorcoverings)

Tickets available from
the MÒD Shop (Hillfoot Street),
W.E.F.,
MacClures Bar,
Strachur Filling Station,
In aid of Dunoon MÒD Funds

supported by

argyllprint&design

Argyll Print & Design Ltd., 84b John Street, Dunoon
Tel: 01369 701096 | www.argyllprint.co.uk



AN COMUNN GÀIDHEALACH
MEUR INBHIR NIS – (INVERNESS BRANCH)

Indoor Boot Sale

~~ With Bric-a-brac Stalls, Baking etc. ~~

Saturday 3rd February 2018

10 - 1pm

*Old High Church Hall, Academy Street,
Inverness*

To book a table (£5.00) or for any further advice please contact Kate at
01463231254 or 07526518961 or email katemaclean@talktalk.net

All Welcome

*“All proceeds go towards the running of the Inverness Local Mod in June
2018 and The Royal National Mod in 2020”*

Glasgow Gaelic Musical Association Triple Celebration Concert

Kelvinside Hillhead Church, Observatory Rd (off Byres Rd)

Friday 9th March 2018 at 7.30pm

Join us to celebrate:

The choir's 125th anniversary

Kenneth Thomson's 35 years as conductor

50 years since Kenneth first joined the choir

Tickets at door £10 including interval drink



Iar Phrionnsapal an t-Sabhal a' leigeil dheth a dhreuchd

Tha Sabhal Mòr Ostaig air ainmeachadh gum bi Iain Tormod MacLeòid, Iar Phrionnsapal agus Stiùiriche Foghlaim na Colaiste, a' leigeil dheth a dhreuchd aig deireadh an Iuchair 2018. Tha Iain Tormod air a bhith os cionn an Fhoghlaim bho 1983, an neach-obrach as fhaide a th'air a bhith aig a' Cholaiste ach a-mhàin Cairistiona Primrose a thòisich bliadhna roimhe sin.

Thuir Prionnsapal na Colaiste, an t-Ollamh Boyd Robasdan "Cha ghabh luaidh a dhèanamh air na rinn is na choilean Iain Tormod thar 35 bliadhna agus cha ghabh luach a chur air a sheirbheis dhan Cholaiste is dhan chànan. Tha cridhe Iain Thormoid sa Cholaiste agus tha e air a bhith aig cridhe beatha is obair na Colaiste. 'S esan cnàimh-droma na Colaiste agus cha bhi e furasta a shamhail a lorg."

Thuir Aonghas MacLeòid, Cathraiche a' Bhùird: "Nuair a thèid Sabhal Mòr ainmeachadh, smaoinichidh daoine sa mhionaid air Iain Tormod. 'S ann fo stiùir a chaidh a h-uile cùrsa a tha air a thabhann leis a' Cholaiste a dhealbhadh is a dhearbhadh. Duine gasta, glic, tuigseach agus dealasach."

Tha obair trusaidh a' dol an-dràsta airson Prionnsapal ùr leis gum bi an t-Ollamh Boyd Robasdan a' fàgail as t-samhradh cuideachd.

"Ged a tha e doirbh beachdachadh air an t-Sabhal as aonais Iain Tormod agus Boyd," thuir Mgr MacLeòid, "tha an dithis cho airidh 's a bha duine riamh air beagan fois is faothachaidh às dèidh uimhir de bhliadhnaichean de sheirbheis ionmholta eatorra.

"Feumaidh am Bòrd coimhead ri linn ùr dhan t-Sabhal san àm ri teachd. 'S e cothrom a bhios ann dhan ath ghinealach a bhith a' stiùireadh an leasachaidh ùr a bhios a' leantainn aig a' Cholaiste. Bidh sinn a' sireadh dithis a ghabhas os làimh ceannardas na Colaiste, le sgilean is feartan eatarra a bhios freagarrach airson cur ris an obair iomraitich a rinn Iain Tormod agus Boyd airson na Colaiste, agus airson cor na Gàidhlig san fharsaingeachd."

Sabhal Mòr Ostaig Vice-Principal announces retirement

John Norman MacLeod, Vice-Principal and Director of Studies at Sabhal Mòr Ostaig, has announced he plans to retire in July. John Norman has led the academic affairs of Sabhal Mòr Ostaig since 1983, and is the second longest-serving member of staff, after Christine Primrose who began a year earlier.

Principal, Professor Boyd Robertson said: "One cannot overstate the massive contribution John Norman has made to Sabhal Mòr and what he has achieved during his 35 years here. His service to the College and to the language is inestimable. John Norman has put his heart and soul into Sabhal Mòr and he is at the beating heart of the life and work of the College. He is the back-bone of the institution and it will be a real challenge to find someone to replace him."

Angus MacLeod, Chair of the Board added: "Mention Sabhal Mòr Ostaig and you immediately think of John Norman. Every course at Sabhal Mòr Ostaig has been designed and validated under his leadership. A fine man, wise, understanding and highly committed."

Recruitment is currently underway for a new Principal in light of Professor Robertson's retirement in the summer.

"Although it is difficult to imagine Sabhal Mòr Ostaig without John Norman and Boyd", Mr MacLeod continued, "they are both very deserving of some rest and relaxation after so many years of outstanding service between them."

"The Board must look now to a new era at Sabhal Mòr. This is an opportunity for a new generation to take on the leadership of the College, with the mix of skills and qualities required to complement and augment the excellent work undertaken by both John Norman and Boyd for the College and for the Gaelic language in general."



Urram MBE ga bhuileachadh air an Ollamh Ùisdean Cheape

Chaidh MBE a bhuileachadh air an Ollamh Ùisdean Cheape aig àm na Bliadhn' Ùire mar aithneachadh air na tha e air a dhèanamh a thaobh Foghlam Cultural na h-Alba agus Ceòl Traidiseanta.

Tha Ùisdean air a bhith stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig OGE, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig bho 2007 nuair a ghluais e bho Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba an Dùn Èideann. Tha e air a bhith na stiùiriche air a' chùrsa MSc Cultar Dùthchasach is Eachdraidh na Gàidhealtachd, a dhealbhaich e fhèin le taic a cho-obraiche, an Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhart. Tha e cuideachd a' teagasg air a' chùrsa BA (le Urram) Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta agus tha e na bhall de Bhuidheann Stiùiridh Thobair an Dualchais. Tha e cuideachd air a bhith an sàs ann an leasachadh phròiseactan rannsachaidh agus aiseag eòlais.

Tha Ùisdean air mòran fhoillseachadh is a chur an clò agus tha an obair sin a' sealltainn cho farsaing 'sa tha a' chuid eòlais agus a sgoilearachd, a' gabhail a-steach eachdraidh, cànan, litreachas, taighean-tasgaidh, ceòl agus cultar dùthchasach. Tha e air òraidean a libhrigeadh air iomadh cuspair eadar-dhealaichte agus gu grunn dhiofar bhuidhnean is ionadan san dùthaich seo is thall thairis.

Tha Ùisdean air mòran aithneachadh acadaimigeach fhaighinn bhon a thàinig e gu SMO. Às dèidh dha PhD a dhèanamh ann an 2006 aig Oilthigh Dhùn Èideann, fhuair e urram Ollamhachd bho Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean ann an 2009. An aon bhliadhna, chaidh Duais Cuimhneachaidh Anthony Baines a thoirt dha leis an Galpin Society. Tha e air a bhith na neach-sgrùdaidh airson Oilthigh Dhùn Èideann agus Oilthigh Oxford, bidh e a' teagasg aig Conservatoire Rìoghail na h-Alba agus tha e cuideachd na neach-comhairle phròiseactan aig Oilthigh Ghlaschu. Tha e an-dràsta a' stiùireadh gnothaichean bho thaobh SMO airson cùrsa air Cultar agus Dualchas na h-Alba, a chaidh a dhealbhadh ann an co-bhuinn le Oilthigh Dhùn Èideann. Tha cliù agus meas air Ùisdean a tha a' dol fad is farsaing, le iarrtas eadar-nàiseanta son a' chuid eòlais is a liut air òraid a libhrigeadh a' tighinn à iomadach àite, nam measg Canada, an Fhraing, a' Ghearmailt, na Stàitean Aonaichte agus Èirinn.

A' cur fàilte chridheil air an naidheachd, thuirt Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ollamh Boyd Robasdan, "Tha Ùisdean làn airidh air an aithneachadh nàiseanta seo airson na tha e air a dhèanamh gus cultar agus dualchas na dùthcha a rannsachadh, a mhineachadh, a chur an cèill agus fhoillseachadh dhan phoball. Sàr sgoilear, sàr Ghàidheal agus sàr dhuine."

Professor Hugh Cheape awarded MBE in New Year's Honours

An MBE was awarded to Professor Hugh Cheape of Sabhal Mòr Ostaig UHI in the New Year's Honours in recognition of his services to Scottish Cultural Education and Traditional Music.

Hugh has been a member of staff at Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture, since moving from National Museums Scotland in Edinburgh in 2007. He has been course leader for the MSc Material Culture and Gàidhealtachd History, which he developed in collaboration with his colleague, Dr Dòmhnall Uilleam Stewart. He lectures on the BA (Hons) Gaelic and Traditional Music course and is a member of the Steering Group of Tobar an Dualchais/Kist of Riches. He has also been involved in the development of research projects and knowledge transfer activities.

His extensive research and published works reflect the breadth and depth of his knowledge and expertise. His scholarship is wide-ranging embracing the fields of ethnology, history, language, literature, museum studies, musicology and material culture. He has delivered lectures on an impressive range of subjects for learned societies, public agencies, regional museums, university departments, national institutions and community organisations in this country and overseas.

His scholarship and academic credentials have been recognised in diverse ways since coming to SMO. After completing a PhD at the University of Edinburgh in 2006, he was given a personal chair by UHI in 2009. That same year, he was awarded the Anthony Baines Memorial Prize for 'outstanding contributions to organology' by the Galpin Society. He has been engaged as an external examiner by the University of Edinburgh, as a postgraduate degree examiner by Oxford University, as a visiting lecturer by the Royal Conservatoire of Scotland and as a project advisor by the University of Glasgow. He is currently leading SMO's input into a new postgraduate course on Scottish Culture and Heritage being developed jointly with the University of Edinburgh. The esteem in which he is held goes far and wide and has resulted in invitations to give papers at prestigious congresses and symposia in many places including Canada, France, Germany, the United States and Ireland.

Professor Boyd Robertson, Principal of Sabhal Mòr Ostaig, warmly welcomed the news saying: "Hugh is richly deserving of this national recognition for all he has done to interpret and promote Scottish culture and heritage and disseminate knowledge about it. He is an exceptional scholar, a great Gael and a true gentleman."





An Taigh Ceilidh

Friday 16th March 2018 at 7.30pm

One Touch Theatre

Eden Court



"Càite nis a-nochd an tèid mi?"

Chan eil cèilidh air a 'Phrèiridh'...

Tickets: £16 / £14 from

01463 234 234

www.eden-court.co.uk

Performing:

Mod Gold Medallist Rachel Walker

Traditional Gold Medallist John Jo McNeil

Mod Gold Medallist Raymond Bremner

Dingwall Academy Folk Group, Deàrrsadh

Inverness Gaelic Choir Group, Trosq

Sileas Sinclair Band

Piper Euan MacCrimmon

Fear-an-Taighe / MC Allan Campbell



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS

An Taigh Cèilidh

Eden Court. One Touch Theatre

Dihaoine 16 Am Màrt 2018 aig 7.30f

a' gabhail pàirt:

Rachel Walker, John Jo McNeil, Raymond Bremner

Deàrrsadh, Trosq, Còmhlan-Ciùil Sileas Sinclair

Piobaire: Euan MacCrimmon

Fear-an-Taighe: Allan Campbell

Tiogaidean bho Eden Court £16/£14

01463 234 234



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS

The Cèilidh House

Eden Court. One Touch Theatre

Friday 16th March 2018 at 7.30pm

Performing:

Rachel Walker, John Jo McNeil, Raymond Bremner

Deàrrsadh, Trosq, Còmhlan-Ciùil Sileas Sinclair

Piper: Euan MacCrimmon

MC: Allan Campbell

Tickets from Eden Court £16/£14

01463 234 234



Tha sinn aig LearnGaelic.Scot gu math taingeil airson a' chothroim Oisean Luchd-ionnsachaidh a sgrìobhadh dhan Chomann Ghàidhealach gach mìos. An sin, innsidh sinn dhuibh dè tha ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bheir sinn seanfhaclan, abairtean is faclan feumail dhuibh. A bharrachd air an seo, bheir sinn sùil air leasan no dhà do luchd-tòiseachaidh. Air a' mhìos seo nì sinn rudeigin diofraichte, innsidh sinn dhuibh mu na goireasan a th' againne air LearnGaelic.	<i>We're really chuffed at LearnGaelic.Scot to An Comunn Gàidhealach for the opportunity to write Learners' corner each month. Each month, we'll tell you what's new for Gaelic learners. We'll give you proverbs, phrases and vital vocab. In addition to that we'll take a look at a lesson or two for true beginners. This month, we'll do something different, we'll tell you about what resources we have on offer at LearnGaelic.</i>
--	---

LearnGaelic Dictionary Cuimhnich mun fhaclair againn! Tha faclair LearnGaelic.scot na ghoireas iomlan airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, le 70,000 faidhleachan fuaim.	Faclair LearnGaelic Remember our dictionary! The LearnGaelic.scot dictionary is a comprehensive language tool for Gaelic learners containing 70,000 sound files.
---	---

Faclan / Words

All words are in our dictionary (learngaelic.scot/dictionary).

welcome – fàilte

February - An Gearran

music -ceòl

sing a song – gabh òran

nap - norrag

Lorg Cùrsa (learngaelic.scot/fios) Tha sinn air feuchainn ri fiosrachadh a thionail mu gach cùrsa Ghàidhlig ann an Alba. Bidh cùrsaichean eadar-nàiseanta air an clàradh cuideachd.	<i>Find a Course (learngaelic.scot/fios) We have tried to list every Gaelic course within Scotland. Increasingly we are adding international courses too.</i>
---	--

Resources for Beginners (learngaelic.scot/beginners)

Beginners' Course: This is a flashcard based course for Beginners.

Little by Little: This is the classic course from the BBC – we are such big fans that we adopted it as part of our LearnGaelic family.

Speaking our Language: A programme that was first broadcast in the 1990s. We have all the clips, with transcripts online.

Fichead Facal / 20 Words: This is just a wee section which gives you a taste of some Gaelic words.

Siuthad! - Go on!





<u>Goireasan ann an Cleachd Gàidhlig - https://learngaelic.scot/usegaelic</u> Seo an earrann a th' againne airson daoine a tha seachad air ìre 'neach-tòiseachaidh'. Gheibh thu goireasan airson na sgilean agad a leasachadh. <u>Litir do Luchd-ionnsachaidh:</u> Litir seachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal le tar-sgrìobhaidh agus mìneachaidh <u>An Litir Bheag:</u> Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh bho BBC Radio nan Gàidheal. Le tar-sgrìobhaidh agus eadar-theangachaidh <u>Look@LearnGaelic:</u> Bhidiothan do luchd-ionnsachaidh aig gach ìre <u>Speaking our Language 19-72:</u> Leasaich do sgilean Gàidhlig leis a' chùrsa bhidio seo	<u>Resources in Use Gaelic</u> https://learngaelic.scot/usegaelic/ This is our 'post-beginner' section with resources to develop your Gaelic skills. <u>Litir do Luchd-ionnsachaidh:</u> BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners with audio, transcription and explanations <u>An Litir Bheag:</u> BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners with audio, transcription and translation <u>Look@LearnGaelic:</u> Videos which are suitable for learners at every level <u>Speaking our Language 19-72:</u> Develop your Gaelic skills with this video course
Ma tha sibh air Facebook, tha sinn a' postadh gach latha air facebook.com/LearnGaelic. Tha sinn cuideachd air Twitter aig twitter.com/LearnGaelicScot agus Instagram (https://www.instagram.com/learngaelic/). Trobhadaibh is canaibh halò rinn!	If you are on Facebook, we post every day at facebook.com/LearnGaelic. We are also on Twitter at twitter.com/LearnGaelicScot and Instagram (https://www.instagram.com/learngaelic/). Drop by and say hi!



Bileag: Dùn Èideann nan Gàidheal

Tha Oilthigh Dhùn Èideann air a' bhileag seo a leasachadh agus a sgaoileadh le taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig agus ann an co-obrachadh le Iomairt Dhùn Èideann agus iomadh buidheann eile ann an Dùn Èideann.

Tha fiosrachadh mu eachdraidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann na cois, cho math ri fios mu bhuidhnean Gàidhlig sa bhaile.

Gaelic in Edinburgh leaflet launched

The University of Edinburgh has developed and distributed this leaflet with funding from Bòrd na Gàidhlig and in cooperation with Iomairt Dhùn Èideann and many other organisations in Edinburgh.

The leaflet offers information about the history of Gaelic in the city as well as contact details for Gaelic groups active in the city today.

[illegible]



Furan



Gaelic for Beginners

(Using episodes 1-6 of Speaking our Language)

Thurs 1st Feb – Thurs 8th March 2018

(6 week block)

7pm – 8.30pm

Furan Gaelic Centre, Corran Halls, Oban

FREE

To reserve your place, please call:

01631 567 886

or e-mail:

Duncan.Macneil@argyll-bute.gov.uk

Furan

Ionad Gàidhlig An Òbain

Oban Gaelic Centre

Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid



Colmcille 2018-19

Colmcille 2018-19

'S e com-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge a th' ann an Colmcille agus tha an dà bhuidheann ag obair còmhla gus prìomhachasan a' chom-pàirteachais a chur an gnìomh ann an Alba agus ann an Èirinn.

Colmcille is a partnership between Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge and the two organisations work together to implement the partnership's priorities in Scotland and in Ireland.

Tha an sgeama taic-airgid seo fosgailte an-dràsta do bhuidhnean stèidhichte ann an Alba no Èirinn gus cuideachadh le bhith cur prìomhachasan Cholmcille an gnìomh.

The Colmcille scheme is now open to organisations based in Scotland or in Ireland to help implement the Colmcille priorities.

Bu chòir iarrtas a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn agus gun a bhith nas anmoiche na 5f air Diciadain 21 Gearran 2018. Cha ghabh Bòrd na Gàidhlig ri iarrtasan a thig a-steach an dèidh seo.

Funding applications should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible but no later than 5pm on Wednesday 21st February 2018. Applications received after this time will not be accepted.

Taic Freumhan Coimhearsnachd

Taic Freumhan Coimhearsnachd

Chaidh Taic Freumhan Coimhearsnachd a stèidheachadh gus taic a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd pròiseactan a chur an gnìomh a bhios a' cur ri prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig.

The Taic Freumhan Coimhearsnachd funding programme was established to help community groups to undertake projects in support of the National Gaelic Language Plan.

Bu chòir iarrtas a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn agus gun a bhith nas anmoiche na 5f air Diciadain 21 Gearran 2018. Cha ghabh Bòrd na Gàidhlig ri iarrtasan a thig a-steach an dèidh sin.

Funding applications should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible but no later than 5pm on Wednesday 21st February 2018. Bòrd na Gàidhlig will not accept applications which are received after this time.

<http://www.gaidhlig.scot/ga/bord/fundraising/>



Comhairle nan Leabhraichean @50

Ann an 2018, bidh Comhairle nan Leabhraichean, am prìomh bhuidheann airson litreachas Gàidhlig na h-Alba, a' comharrachadh 50 bliadhna on a chaidh a stèidheachadh ann an Roinn na Ceiltis aig Oilthigh Ghlaschu. Chaidh a' chiad choinneamh dhen Chomann Leabhraichean (mar a bh' air a' bhuidheann aig an àm) a chumail air 20 Dùbhlachd 1968, fo stiùir an Àrd-Ollamh Ruairidh MhicThòmais.

B' ann aig an Oilthigh a bha Comhairle nan Leabhraichean stèidhichte gu 1996, nuair a ghluais i gu Sràid Achadh a' Mhansa ann am Partaig, far a bheil bùth-leabhraichean, oifis agus stòr ann fhathast. Thairis air na bliadhnaichean, tha Comhairle nan Leabhraichean air taic a chumail ri iomadh sgrìobhadair agus foillsichear gus an àireamh de leabhraichean Gàidhlig ann an clò àrdachadh.

Mar chomharra air 50 bliadhna de thaic agus leasachadh airson litreachas na Gàidhlig, bidh Comhairle nan Leabhraichean a' taisbeanadh suaicheantas sònraichte tro 2018. Bha an suaicheantas air a dhealbhadh le Anna Deplano aig Graficanna, agus thèid a chleachdadh air stuthan margaideachd is eile tron bhliadhna.

A bharrachd air na tachartasan Gàidhlig a bhios air prògraman fèisean litreachail nàiseanta is ionadail, leithid Aye Write, Fèis Leabhraichean Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann agus Imprint, bidh Comhairle nan Leabhraichean a' cur prògram sònraichte de thachartasan air dòigh thairis air 2018. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn a' phrògram seo fhoillseachadh tron bhliadhna.

Thuir Rosemary Ward, Stiùiriche Chomhairle nan Leabhraichean:

"Tha sinn air leth moiteil gu bheil Comhairle nan Leabhraichean air a bhith ann am bith airson 50 bliadhna. Tha e cudromach luaidh a dhèanamh air Ruairidh MacThòmais, a bha os cionn stèidheachadh a' bhuidhinn san Oilthigh ann an 1968, agus air an iomadh ball a chum taic ri Comhairle nan Leabhraichean thairis air na bliadhnaichean is i a' fàs gu bhith na buidheann soirbheachail. Chan eil teagamh nach bi bliadhna thrang romhainn, ach tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith a' comharrachadh a' chinn-latha shònraichte seo."



The Gaelic Books Council @50

Throughout 2018, the Gaelic Books Council will be commemorating 50 years since its establishment at the University of Glasgow's Department of Celtic. The first meeting of 'An Comann Leabhraichean', as it was originally known in Gaelic, was held on 20th December 1968, under the direction of Professor Derick S. Thomson.

The Gaelic Books Council was based at the University of Glasgow until 1996, when it moved to Mansfield Street in Partick, where its current premises comprise a bookshop, offices and storage facilities. Over the years, the Gaelic Books Council has supported many writers and publishers to grow the number of Gaelic books in print.

In order to mark this special year celebrating 50 years of supporting, developing and promoting Gaelic literature, the Gaelic Books Council has commissioned a commemorative logo to be displayed throughout 2018. Designed by Anna Deplano of Graficanna, this logo will be used on all merchandise, stationery and promotional material during the year.

In addition to Gaelic events on the programmes of major national and local literary festivals, including Aye Write, the Edinburgh International Book Festival and Imprint, the Gaelic Books Council is planning its own programme of special events and projects throughout 2018. More information about this programme will be released during the year.

Rosemary Ward, Director of the Gaelic Books Council, said:

"We are very proud that the Gaelic Books Council has been in existence for 50 years. We cannot underestimate the importance of Derick Thomson, who was instrumental in the establishment of the body at the University in 1968, and the many board members who have supported the Gaelic Books Council as it grew into a successful organisation. There is no doubt that we have a busy year ahead of us, but we are greatly looking forward to celebrating this special anniversary."



Bidh ceithir tachartasan Gàidhlig aig Fèis Aye Write ann an Glaschu anns a' Mhàrt. Gheibhear tiogaidean airson a h-uile tachartas aig www.ayewrite.com.

Eadar Pinn is Guthan Binn: Gaelic Songwriting

Dihaoine 16 Màrt, 18.00 - Leabharlann Mitchell
Oidhche shònraichte ann an cuideachd trìuir sheinneadairean is sgrìobhadairean òrain cliùiteach, Gillebrìde MacIlleMhaoil, Alasdair MacIlleBhàin agus Marcas Mac an Tuairneir. Bidh iad a' còmhradh air mar a bhios iad a' sgrìobhadh òrain agus na rudan a tha air buaidh a thoirt air cuid de na h-òrain Gàidhlig as aithnichte san latha an-diugh. Cluinnear cuid de na h-òrain beò cuideachd.

Òrain Ìleach

Didòmhnaich 18 Màrt, 18.30 - Glasgow Royal Concert Hall
Tachartas a' comharrachadh òrain a tha cur an cèill spiorad Gàidhlig Ìle tro eachdraidh, dualchas agus àrainneachd phrìseil an eilein. Thàinig Òrain Ìleach (Acair) gu buil tro phròiseactan ionadail far an deach ath-nuadhachadh a dhèanamh air pìosan bàrdachd traidiseanta le bhith cur ceòl às ùr riutha. A bharrachd air còmhradh mun leabhair, cluinnear cuid de na h-òrain air an gabhail le seinneadairean is còisirean.

Am Balach Beag a dh'Èisteadh aig Dorsan

Dihaoine 23 Màrt, 18.00 - Leabharlann Mitchell
Bidh Alison Lang, a tha air cliù a chosnadh mar sgrìobhadair nobhailean, sgeulachdan goirid is sgrìobtaichean, a' cur nobhail ùr air bhog le Luath Press. Tha Tormod air a bheò-ghlacadh le sgeulachdan, mun eilean 's mu na daoine a dh'fhalbh 's a dh'fhuirich, agus mun t-saoghal mhòr air nach eil e eòlach... fhathast, co-dhiù.

Sgrìobhadh Sci-fi sa Ghàidhlig

Dihaoine 23 Màrt, 19.45 - Leabharlann Mitchell
Ciamar a nì thu saoghal ùr sa Ghàidhlig? Ciamar a chruthaicheas tu facail leithid stèisean-fànais, luathas-teichidh no saibeirneatach? Thig còmhla ri pannal de thrìuir, a bhios a' còmhradh air ficsean saidheansail ùr sa Ghàidhlig is mar a thèid a' ghnè a bhrosnachadh is a leasachadh san àm ri teachd.

Cuideachd, bidh 4 seiseanan 'Leugh is Seinn le Linda' airson teaghlaichean aig Fèis Wee Write 2018. Bidh na seiseanan uile ann an Leabharlann Mitchell ann an Glaschu agus tha iad an-asgaidh. Tuilleadh fiosrachaidh bho www.ayewrite.com

Disathairne 3 Màrt, 1.00f agus Didòmhnaich 4 Màrt, 10.30m

Seisean airson teaghlaichean, ag amas air clann aois 0-2 agus pàrantan

Disathairne 3 Màrt, 2.15f agus Didòmhnaich 4 Màrt, 11.45m

Seisean airson teaghlaichean, ag amas air clann aois 3-5 agus pàrantan

There will be four Gaelic events at the Aye Write festival in Glasgow in March. Tickets are available from www.ayewrite.com

Eadar Pinn is Guthan Binn: Gaelic Songwriting

Friday 16th March, 18.00 - Mitchell Library
Join three renowned Gaelic lyricists and singers, Gillebrìde MacMillan, Alasdair Whyte and Mark Spencer Turner, as they discuss their song-writing process. Discover the inspiration behind some of the best-known songs from the contemporary Gaelic music scene and hear them performed live.
Simultaneous translation will be provided at this event for non-Gaelic speakers.

Gaelic Songs of Islay

Sunday 18th March, 18.30 - Glasgow Royal Concert Hall
A celebration of songs from Islay's Gaelic community, capturing the spirit of the landscape, history and culture of the island. Òrain Ìleach (published by Acair) is a distinctive local collaboration, gathering previously unpublished songs together with old favourites. A discussion of the book will be interspersed with musical performances from soloists and Gaelic choirs.
This event will be in English and Gaelic

Book Launch: Am Balach Beag a dh'Èisteadh aig Dorsan

Friday 23rd March, 18.00 - Mitchell Library
Join Alison Lang, celebrated Gaelic novelist, short story writer and playwright, as she launches her latest novel, The Little Boy who Listened at Doors, from Luath Press. Tormod is captivated by stories about the island, the folk who left and those who stayed, and about the big, wide world he has hasn't had a chance to explore...yet.
Simultaneous translation will be provided at this event for non-Gaelic speakers.

The New Wave of Gaelic Sci-fi

Friday 23rd March, 19.45 - Mitchell Library
How do you create a new universe in Gaelic? How do you come up with Gaelic words for 'space-station', 'escape velocity' or 'cybernetic'? Join Tim Armstrong, David Eyre and Iain Finlay MacLeod as they discuss the new wave of sci-fi writing in Gaelic and how they see the genre progressing in the future.
Simultaneous translation will be provided at this event for non-Gaelic speakers.

There will also be 4 'Leugh is Seinn le Linda' sessions for families at Wee Write 2018. All sessions will take place in the Mitchell Library in Glasgow and are free. More information from www.ayewrite.com

** Although primarily in Gaelic, sessions will be welcoming to parents who are learning the language or who are non-Gaelic speakers **

Saturday 3rd March, 1.00pm and Sunday 4th March, 10.30am

Sessions for families, aimed at children aged 0-2 and their parents

Saturday 3rd March, 2.15pm and Sunday 4th March, 11.45am

Sessions for families, aimed at children aged 3-5 and their parents.

“Criomagan”: Lèirmheasan air YouTube

Tha Alison Lang air a bhith a’ clàradh “Criomagan” airson beagan mòsan a-nis: bhidiothan goirid anns a bheil i a’ dèanamh lèirmheasan air leabhraichean Gàidhlig. Tha na bhidiothan uile rim faicinn air an t-seanail YouTube aig Alison agus air www.gaelicbooks.org.

Nam biodh ùidh agaibhse lèirmheas-bhidio a dhèanamh air leabhar Gàidhlig, leanaibh oirbh! Tha iad furasta a dhèanamh agus bidh iad taiceil do leughadairean eile!

“Criomagan”: Video Reviews on YouTube

Alison Lang has been recording a series of short videos called “Criomagan” over the past few months, in which she reviews different Gaelic books. The videos can all be viewed on Alison’s YouTube channel or on www.gaelicbooks.org

If you would be interested in making a video review of a Gaelic book, go for it! They’re easy to make and are really useful for other readers!



**COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN**
THE GAELIC BOOKS COUNCIL



Naidheachdan na mìos bho Acair

Tha leabhraichean ùr rim faighinn aig Acair airson a' Bhliadhn'-ùr!

Tha Acair air ath-fhoillseachadh a dhèanamh air an leabhar cloinne 'Rònan agus Brianuilt' le Fionnlagh MacLeòid. 'S e seo a' chiad leabhar cloinne a dh' fhoillsich Acair o chionn 40 bliadhna, agus tha fios gun còrd e ri clann an latha an-diugh a cheart cho math sa chòrd e ris a' ghinealach a dh' fhalbh.

Tha 'Oiteagan à Tìr nan Òg' le Ruairidh MacAoidh ri fhaighinn a-rithist cuideachd. Chaidh an leabhar seo fhoillseachadh ann an 1938, agus bha meas mòr air. Tha grunn bhliadhnaichean bho chaidh e a-mach à clò agus tha an cruth ùr seo a' toirt bàrdachd à Uibhist a Tuath beò a-rithist. Tha an ro-ràdh air a sgrìobhadh le Julie Fowlis.

Tha nobhail ùr aig Acair anns an sreath Aiteal - 'An Nathair le Dà Shùil Dhearg' le Màiri E. NicLeòid. 'S e sgeul le eucoir is eudachd a tha seo, a tha a' toirt an leughadair air ais ann an eachdraidh gu àm an Dàrna Cogadh agus air ais a-rithist chun an latha an-diugh. 'S e seo a' chiad leabhar aig Màiri E. NicLeòid air fhoillseachadh le Acair.

New from Acair this Month




Start the year with some new books from Acair!

Acair have re-published 'Rònan agus Brianuilt' by Finlay Macleod. This was the first children's book ever published by Acair over 40 years ago. We are certain that children will enjoy reading this book now as much as the children of yester year.

Óiteagan à Tìr nan Òg' by Ruairidh Mackay has also been re-published. This was first published in 1938 and was very popular. It has been out of print for many years, but the poetry of North Uist is brought alive in this re-print once more, with an introduction by Julie Fowlis.

Acair also introduces a new novel to its Aiteal series—'An Nathair le Dà Shùil Dhearg' by Mairi E. Macleod. This is a story of crime and jealousy, which transports the reader back to the time of the 2nd world war and back again to the present day.

This is the first book Mairi E. MacLeod has had published by Acair.



Dileab an t-Siorraidh – pròiseact ùr Gàidhlig do sgoilearan bun-sgoile

Stèidhich an t-Siorraidh Cailean Scott MacCoinnich pròiseact ùr, Dileab an t-Siorraidh, ann an co-obrachadh le e-Sgoil, mar thoradh air an ùidh mhòr a th' aige gu pearsanta ann an Gàidhlig.

'S e amas a' phròiseict a bhith a' brosnachadh sgoilearan Gàidhlig gus na comasan-labhairt aca a leasachadh agus an cànan a thoirt gu àrd-ìre tro cho-fharpais do chloinn ann an clas 7 bho bhun-sgoiltean air feadh Leòdhais agus na Hearadh.

A' mìneachadh carson a chuir e an t-urras air bhonn thuirt an Siorraidh MacCoinnich: 'Tha e cudromach dhomh gu pearsanta agus mar eileanach gu mair a' Ghàidhlig sna bliadhnaichean tha romhainn agus mar sin chuir mi romham cleachdadh a' chàinain am measg a' ghinealaich òig a bhrosnachadh oir 's ann an urra riuthasan a bhios cor na Gàidhlig san àm ri teachd.'

Bidh aig na sgoilearan ri òraid ghoirid ullachadh mu chuspair a tha iad gu bhith rannsachadh san sgoil no rudeigin anns a bheil ùidh shònraichte aca. An dèidh làimh bidh aca ri còmhraidh ri dithis luchd-measaidh son greis. Le bhith cur goireasan teicneolas e-Sgoil gu feum, thèid aig an luchd-measaidh air ceangal a-steach do gach sgoil, is mar sin faodaidh na sgoilearan fuireach ann an àrainneachd air a bheil iad eòlach agus far a bheil iad comhfhurtail.

Gheibh an sgoilear leis na comasan-labhairt as fheàrr sa cho-fharpais £50 agus gheibh na sgoiltean sùim airgid son a h-uile neach a ghabhas pàirt. Bu chòir dhaibh an t-sùim a chleachdadh gus duais a thoirt dhan sgioba co-fharpais aca. Bheir na foirmichean measaidh slat-tomhais dha na tidsearan airson dè cho math 's a tha an cuid chloinne fa leth agus mar bhuidheann, agus gabhaidh an cur ri PPR gach sgoilear.

Thèid am pròiseact seo a chur air bhog ann an e-Sgoil sa Ghearran agus thathar an dùil na measaidhean a chumail anns na seachdainnean mu dheireadh den treas teirm sgoile, gach bliadhna.

Son barrachd fiosrachaidh, no ma tha sibh airson a bhith an sàs, cuiribh fios gu Mira Byrne air mbyrne1u@gnes.net no 01851 822 850.



Dileab an t-Siorraidh – a new Gaelic project for primary school pupils

Sheriff Colin Scott Mackenzie has set up a new project, Dileab an t-Siorraidh, in co-operation with e-Sgoil, as a testimony to his keen interest in Gaelic.

The project aims to encourage Gaelic-speaking pupils to use and improve their language skills through a competition for Primary 7 pupils from schools throughout Lewis and Harris.

Explaining his decision to set up the trust Sheriff Mackenzie said: 'The future of the language is important to me as an individual and as an islander and I have decided to do my bit to encourage its use amongst the younger generation on whose shoulders (and minds) its future rests.'

They will have to prepare a short talk about a school-based topic or subject of personal interest as well as converse with two assessors. Making use of e-Sgoil technology, the assessors will be able to link into each school so that the pupils can remain in a familiar environment in which they are comfortable.

The pupil demonstrating the highest level of fluency will be awarded a prize of £50 and schools will receive a monetary reward for each pupil participating which can be used towards a 'treat' for their cohort. Evaluation sheets from the competition will allow schools to assess their pupils' ability individually or as cohort, and can also form part of individual students' Pupil Progress Report.

The project will be launched at e-Sgoil in February and the assessments will take place annually toward the end of school term 3.

For further information, or if you would like to take part, please contact Mira Byrne on mbyrne1u@gnes.net or 01851 822 850.



**Dileab
an t-Siorraidh**



Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le "Care for a Cèilidh". Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





Pròiseact Bàird & Luchd-ealain Albannach-Latbhianach

Tha sinn airson innse dhuibh mu dheidhinn pròiseact a tha sinn ag ullachadh airson àm na càisge, a bhios a' coimead gu sònraichte ri min-chànainean, bàrdachd agus cluiche.

Tha sinn an dòchas aire a thoirt gu na guthan agus na cànaichean air an oir agus gun tèid an ceangal eadar-chultarail eadar Alba agus na dùthchannan 'Baltic' a leudachadh, co-oibreachadh a bhrosnachadh eadar na h-ealain agus obair ùr a chruthachadh gus barrachd dhaoine a thàladh.

Tha sinn a' sireadh ùidh bho bàird agus luchd-ealain Albannach airson pàirt a ghabhail anns a' phròiseact seo.

Ma tha ùidh agaibh, no airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhlaidh air an làrach-lìn gu h-ìosal:

<http://www.visitingarts.org.uk/content/call-scottish-poets-and-performing-artists>

Scottish-Latvian Poets & Performing Artists Exchange

We wanted to tell you about an exchange project we are planning this Spring, focused on endangered languages, poetry and performance.

The project aims to bring awareness to voices and languages on the margins, strengthen intercultural dialogue between Scotland and the Baltics, encourage collaboration between art forms, and commission engaging new work to inspire a wide audience.

We are inviting expressions of interest from Scottish poets and performing artists for this project.

Please click on the following link to view further details:

<http://www.visitingarts.org.uk/content/call-scottish-poets-and-performing-artists>



Visiting Arts

*Strengthening intercultural
understanding through
the arts since 1977*



Cairngorms Cèilidh Trail 2018

Cèilidh air chuairt sa Mhonadh Ruadh 2018

Aged 16 to 22yrs?

**Passionate about traditional music, song and dance
and interested in experiencing life as a touring musician?**

The Cairngorms Cèilidh Trail is a paid summer job training and touring
for 4 weeks - an initial training June 8 - 11th
then July 2nd - August 4th (exc 14 - 20th)

**Auditions will be held on Saturday February 24th
in Talla nan Ros, Kingussie**

Closing date for applications: February 9th

Apply online: www.feisspe.org.uk

Enquiries to caroline.sterritt@feisean.org

*"Providing access to top quality tuition and performance opportunities in traditional music and
Gaelic language for young people throughout Badenoch & Strathspey"*

"A' cur air adhart na Gàidhlig agus a dualchas tro cheòl traidiseanta, seinn, dannsa agus na h-ealain"





Call for new songs for the 12th edition of minority language song contest Liet International, in Ljouwert/Leeuwarden, the Netherlands.

On Wednesday 23 May 2018 the Frisian capital Ljouwert/Leeuwarden will host the 12th edition of European minority language song contest Liet International, the song contest for singers and bands who sing in a European regional or minority language, already since 2002. After eleven previous editions in Friesland, Swedish Sápmi, Brittany/Breizh (France), Udine in Italy, Xixón/Gijón in Spain, Oldenburg in the northern part of Germany and Kautokeino in the north of Norway, Liet International will go back to its origin in Ljouwert/Leeuwarden.

Liet International 2018 is an XXL edition, due to the fact that Ljouwert/Leeuwarden is European Cultural Capital in 2018. This means that Liet International 2018 XXL is part of the programme of LF2018 and that we can offer more participants a stage at Liet International 2018 XXL.

Therefor the organisation calls upon bands, singers and cultural organisations throughout Europe to submit their new songs in a regional or minority language for the 12th edition of our song contest. The song contest will this year consist of 15 singers or bands who represent European regions where a minority language is being spoken and sung. Bands or artists are invited to send in newly composed music and lyrics in any of the lesser used, regional or minority languages in Europe until **1 March 2018**. The organisation of Liet International 2018 XXL aims to announce the selection of the songs for Liet International 2018 XXL not later than Monday 12 March 2018.

In previous contests, we have had songs in languages such as Arbëresh, Asturian, Basque, Breton, Catalan, Cornish, Corsican, Faroese, Frisian, Friulian, Gaelic, Galician, Karelian, Low German, Manx, Meänkieli, Mordvinian, North Frisian, Occitan, Romani, Sámi, Sorbian, Udmurtian, Vepsian, Votian and Welsh. The last edition in Kautokeino was won by the young Sámi singer Ella Marie Hætta Isaksen, who won both the jury award and the musicians award.

The winners of the Frisian song contest Liet 2017 (10 December 2017) and Liet 2018 (13 May 2018) are automatically selected for participation in Liet International 2018 XXL. As well is the winner of the Sámi Grand Prix in Kautokeino, Norway. This means that there are 12 open places for all other minority languages of Europe. The selection process is done by a small and completely independent selection jury in the first part of March. Qualification criteria for the committee are the following: quality and uniqueness of song and music, linguistic, geographical and musical diversity, gender and age. The lyrics and music should be new or newly written and composed, so-called traditional songs are not accepted.

The singers/groups chosen will be invited to take part in the contest. Liet International encourages participants to seek financial support for the travels expenses from the nation they represent, or seek other possibilities. We only take care of accommodation and meals.

The panel of judges comprises of representatives from each participating region. It is also our intention to arrange a live broadcast on the radio and the internet. We also intend to register the event for television. The song contest has become one of the largest events for the promotion of minority languages and usually attracts a lot of media attention.

Please send an e-mail to lietinternational@gmail.com for the application form. If you have any questions, please use the same e-mail address.

Brot is Òran

(Soup 'n' Song)

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Urras Fèis Dhùn Deagh, tha sàr-phrògram de chuirmean aig àm lòn thairis air na mìosan a tha romhainn ann an Talla Marryat le ceòl agus òrain Ghàidhlig.

With the support of Bòrd na Gàidhlig and Dundee Festival Trust, there is a great programme of Gaelic Lunchtime Concerts in the Marryat Hall over the next few months as an introduction to Gaelic Music and Song.

Prògram:

Latha na Sàbaid 4 Gearran / Sunday 4 February 2018 2pm – 3pm

Artist tbc

Latha na Sàbaid 25 Gearran / Sunday 25 February 2018 2pm – 3pm **Dundee Gaelic Choir**

Ticeadan / Ticket price £5 (a' gabhail a-steach rola agus brot / which includes soup and a roll

Cuirm aig 2f, brot aig 1.30f / Concert at 2pm, soup served at 1.30pm.

Online transaction fee £2, postage charges may apply.

www.dundeebox.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

